

# Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd  
*Press Release*



**\*Please scroll down for English Version\***

## BÒRD NA GÀIDHLIG AG AMHARC TRI BLIADHNA AIR THOISEACH

**07 An t-Sultain 2010**

Tha Bòrd na Gàidhlig a' coinneachadh airson dà là air an t-seachdain seo an Inbhir Nis ris na prìomh bhuidhnean Gàidhlig a bhios a' toirt cùisean air adhart le taic on Bhòrd sna trì bliadhna a tha ri teachd. An dèidh leirmheas a dhèanamh air obair nam buidhnean san ràith a chaidh seachad, tha am Bòrd a-nis a' tairgse cothrom conaltraidh as ùr air amasan a' Bhùird thaobh meudachadh àireamhan luchd labhairt na Gàidhlig mu choinneimh nan ro-innleachdan a th'anns a' phlana Ginealach Ur na Gàidhlig a dh' aontaichear leis a' Mhinistear nas tràithe air a' bhliadhna. Thathas gu sònraichte gu bhith a' beachdachadh air ciamar a bhios na buidhnean an dùil co-obrachadh gus amasan a choilionadh thaobh: taic do phàrantan a dh' fhaodadh clann a chur gu foghlam tro mheadhan na Gàidhlig no tha ga dhèanamh a cheana; neartachadh agus leudachadh seirbheisean ro-sgoile; neartachadh seirbheisean Gàidhlig sa bhun sgoil; taic do dheugairean; cothroman ionnsachaidh dha inbhich; taic don Ghàidhlig san dachaigh. Thuirt Ceannard Bòrd na Gàidhlig, Iain A MacAoidh: "Tha e coltach gum bi na trì bliadhna a tha ri teachd duilich dha gach buidheann san roinn phoblach, ach feumaidh sinn aghaidh a chur air an dùbhlán sin. San àrainneachd anns am bheil sinn ag obair tha conaltradh, co-obrachadh is compàirteachais dòigheil air leth cudromach, is tha sin deatamach chan ann a-mhàin eadar nam buidhnean Gàidhlig ach cuideachd eadarainn is nam buidhnean poblach aig am bheil planaichean Gàidhlig. Feumaidh sinn a bhith èifeachdach nar modhan obrach gus a bhith soirbheachail nar gnìomhan." Thuirt Daibhidh Boag, Leasaiche Cànan a' Bhùird: " 'S e drochaid a th' ann an Ginealach Ur na Gàidhlig, eadar a' chiad agus an dàrna phlana Nàiseanta na Gàidhlig. Tha fòcas làidir anns a' phlana seo air pròiseactan a tha ag amas air àireamhan luchd-labhairt na Gàidhlig àrdachadh agus tha dleastanasan oirnn uile, oidhirp a dhèanamh mu choinneamh an t-amas soilleir seo. As dèidh na h-obrach air leirmheas a dhèanamh air comasan nam buidhnean, bidh am Bòrd ag obrachadh gu dlùth ris na buidhnean Gàidhlig gus compàirteachas as ùr a thogail airson na h-ath trì bliadhna a tha romhainn. 'S e amannan dùbhlanaich a bhios ann gun teagamh air thaobh ionmhas poblach, ach 's e cothrom a th'ann cuideachd, fòcas as ùr a dhèanamh air na seirbheisean a tha deatamach dha pàrantan, clann-sgoile agus coimhearsnachdan air feadh Alba." Bidh na choinneamhan air an cumail air 9-10 Sultain.

**CRIOCH**

# Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd  
*Press Release*



Airson barrachd fiosrachaidh mu na th'anns an naidheachd seo, cuiribh fios gu Daibhidh Boag air 01463 225454 no gu daibhidh@gaidhlig.org.uk; Foillsichte: Dimàirt, Sultain 7, 2010

# Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd  
*Press Release*



## **BÒRD NA GÀIDHLIG LOOKING TOWARDS THE NEXT THREE YEARS**

**07 September 2010**

Bòrd na Gàidhlig is meeting for two days this week in Inverness with the key Gaelic organisations which will be progressing projects with support from the Bòrd over the next three years. Having conducted a review of the work of the organisations over the past three months, the Bòrd is now offering a new opportunity for discussion of the Bòrd's aims with regard to increasing the numbers of Gaelic speakers through the strategies presented in the Ginealach Ùr na Gàidhlig plan, which was agreed by the Minister earlier this year. Particular consideration will be given to the manner in which the organisations intend to collaborate in order to fulfill the aims in relation to: support for parents who could send their children into Gaelic-medium education or have done so already; strengthening and extending pre-school services provision; strengthening Gaelic services provision in the primary school; support for teenagers/young people; learning opportunities for adults; support for Gaelic in the home. The Chief Executive of Bòrd na Gàidhlig, John Angus MacKay, commented: "It seems that the next three years will be difficult for every organisation in the public sector, but we have to meet that challenge. In our working environment, communication, collaboration and fruitful partnership is extremely important, and that is crucial not just between the Gaelic organisations but also between us and the public bodies which have Gaelic plans. We require to be effective in our procedures to be successful in our actions." Daibhidh Boag, Language Director with the Bòrd, said: "Ginealach Ùr na Gàidhlig is a bridge between the first and the second National Plan for Gaelic. There is a strong focus in this plan on projects which aim to increase the numbers of Gaelic speakers and we all have a duty to make an effort in relation to this very clear aim. Having carried out a review on the capabilities of the organisations, the Bòrd will be working closely with the Gaelic organisations in order to build a new partnership towards the next three years. Without a doubt, these will be challenging times with regard to public finance, but it is also an opportunity to create a new focus on the services which are crucial to parents, school pupils and communities throughout Scotland." The meetings will take place on 9-10 September.

**END**

For further information on the contents of this news release, please contact Daibhidh Boag on 01463 225454 or [daibhidh@gaidhlig.org.uk](mailto:daibhidh@gaidhlig.org.uk). Issued: Tuesday, 7 September, 2010 Notes to Editors Ginealach Ùr na Gàidhlig Ginealach Ùr Na Gàidhlig supports the National Plan for Gaelic 2007-12 and the requirements of the Gaelic Language (Scotland) Act 2005, reprioritising resources and actions to support an incremental increase in learning and using

# Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd  
*Press Release*



Gaelic. Ginealach Ùr na Gàidhlig is equally clear about the importance of Gaelic medium education. It states that “Bòrd na Gàidhlig believes that local authorities must increase pupil numbers in local authority pre-school and in P.1 classes by 15% per annum; such increases will be essential if the 2021 targets identified in the National Plan for Gaelic are to be achieved”.